

# BANNTRACH COGAIDH

## AN T-URRAMACH IAIN MACLEÒID

Bha an t-Urr Iain MacLeòid bliadhna a dh'aois nuair a chaidh athair, Tormod MacLeòid, 13 Àrnol, Eilean Leòdhais a chall air an Iolaire. Cha d' fhuair a mhàthair, Cairistiona, seachad air call an duine aice riamh. Thuir cuid gun tug an àmhghar buaidh air a slàinte-inntinn. Bhàsaich i ann an 1933, aois 49.

1. Tha am bàrd a' stèidheachadh an t-suidheachaidh sa chiad rann. Tarraing no peant dealbh a tha a' sealltainn na bha am bàrd a' dèanamh còmhla ri mhàthair 's e na bhalach òg.

---

---

2. Dè na faclan sa chiad rann a tha ag innse dhut nach d' fhuair athair a' bhalaich às beò nuair a chaidh an Iolaire fodha air Biastan Thuilm?

---

---

3. Dè a' bhuidh a thug ceistean a' bhalaich san dàrna rann air a mhàthair?

---

---

4. Dè na faclan san dàrna rann a tha ag innse dhut gu bheil màthair a' bhalaich na bantraich 's i a' caoidh?

---

---



5. Chaidh sàmhchair dà mhionaid a chumail ann an sgoil a' bhalaich.  
Dè bha e a' tuigsinn le seo?

---

---

6. Dè tha am bàrd a' ciallachadh leis na faclan, 'Bha ceann dol liath  
's i fhathast òg.'?

---

---

7. Ciamar a tha am bàrd a' toirt iomradh air call na h-Iolaire nuair a tha  
e a' bruidhinn air an àite san deach a mhàthair a thiodhlacadh?

---

---

8. Carson a bheireadh fuaim gèile buaidh air màthair a' bhalaich?

---

---

9. Dè na faclan a tha ag innse dhut gun do bhàsaich màthair a' bhalaich  
's i òg?

---

---

10. Carson a bha am balach taingeil gun do bhàsaich a mhàthair nuair  
a bha i òg?

---

---

